


Modail nàiseanta de ionnsachadh proifeiseanta



Feumaidh ionnsachadh proifeiseanta cuimseachadh air a' phroifeiseantach foghlaim mar neach-ionnsachaidh agus mar a tha seo co-cheangailte ri agus a' toirt buaidh air ionnsachadh chloinne, dhaoine òga agus inbhich.

Bu chòir do ionnsachadh proifeiseanta a bhith:

- Dùbhlannach, agus a' leasachadh breithneachadh, eòlas, sgilean agus tuigse
- Stèidhichte air leasachadh sgilean ceasnachaidh agus sgrùdaidh
- Eadar-ghniomhach, meòrachail agus an sàs ann an ionnsachadh còmhla ri agus bho dhaoine eile.

Tha **ionnsachadh proifeiseanta** air fhiosrachadh le agus a' faighinn taic bho **inbhean proifeiseanta** agus poileasaaidh foghlaim.

Modail ùr airson obair com-pàirteachais

Tha am modail ùr de ionnsachadh proifeiseanta a' comharrachadh nam prìomh phrionnsapalan agus fheartan de dh'ionnsachadh èifeachdach a thogas comas agus a bhrosnaicheas modhan-obrach co-obrachail. Tha am modail a' solar cànan co-roinnte agus àrd-mhiann, a' fiosrachadh solar, structar agus nàdar an ionnsachaidh. Tha e cuideachd a' mìneachadh nan seòrsachan ionnsachaidh a bheir cumhachd agus comas dhut gus feumalachdan luchd-ionnsachaidh a choileanadh san dòigh as fheàrr.

Is urrainn dha a bhith air a chleachdadh leothasan a tha a' stiùireadh, a' leasachadh, a' solar agus a' toirt taic do ionnsachadh sna dòighean a leanas:

Daoine fa leth	Stiùirichean sgoile agus siostam	Luchd-solair CLPL
<ul style="list-style-type: none">• mar phuig tòiseachaidh airson conaltradh mu ionnsachadh proifeiseanta gus na feumalachdan ionnsachaidh aca fhèin a chomharrachadh• gus taic a thoirt do sgrùdadh air cothroman ionnsachaidh proifeiseanta a dh'fhaodadh a bhith ann gus dèanamh cinnteach à càileachd agus buntanas• gus dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh ceangailte ri agus a' toirt buaidh air ionnsachadh chloinne, dhaoine òga agus inbhich	<ul style="list-style-type: none">• gus taic agus brosnachadh a thoirt do chultar làidir de ionnsachadh, ceasnachadh agus co-obrachadh• gus leasachadh air ro-innleachdan ionnsachaidh proifeiseanta fhiosrachadh• mar inneal airson sgrùdadh air agus taic do sholar làithreach, conaltradh agus cuimse, gus dèanamh cinnteach à càileachd agus buntanas• mar stiùir airson planadh air solar ionnsachaidh proifeiseanta, poileasaidhean agus dòighean-obrach	<ul style="list-style-type: none">• mar stiùir airson planadh solar ionnsachaidh, poileasaidhean agus dòighean-obrach• gus nàdar agus adhbhar ionnsachaidh fhiosrachadh agus mar a tha seo air a structaradh, air eadar-mheadhanachadh agus air a phlanadh• gus taic a thoirt do chonaltradh mu chàileachd an t-solair do luchd-compàirteachaidh san amharc